



# Mo chuilean

## Le Criosaidh A NicÌomhair

Rolanach beag le sùilean làn spòrs,  
earball ga chrathadh nuair bhios e air dòigh,  
Mo chuilean beag, laghach cur fàilt' orm fhìn,  
a' togail mo chridhe 's cur an teich air mo sgìths.

Breabaidh e bàlla le shròin air an làr,  
cuiridh e 'n sgioba aig Rangers gu nàir';  
Cha mhoth' e na piseag, ach le mheabadaich chruaidh  
teichidh gach beathach 's gheibh esan a' bhuidh.

Snàmhaidh e 'n abhainn cho math ris an ròn,  
lorgaidh e rabaid a' snòtadh le shròin,  
Crathaidh e earball is seallaidh e suas  
le deàrrsadh na shùilean ag iarraidh dhol cuairt.